

ÙISDEAN AGUS AM FÌDHLEAR SEUNTA FACLAN, ABAIRTEAN AGUS ÒRAIN



Cluinnidh sgoilearan na faclan 's abairtean gu h-ìosal anns an dealbh-chluich 'Ùisdean agus am Fìdhlear Seunta'. Ma dh'fhaoidte gum bi e feumail do chuid de na sgoilearan nam faigheadh iad cothrom eòlas a chur orra ro làimh.

NA CARACTARAN ANNS AN DEALBH-CHLUICH

Ùisdean

Seanmhair Ùisdein

An Rìgh Spìocach

Fernando am Fìdhlear

Na Rodain (Na Rodanan)

FACLAN

- | | | |
|----------------------------|-----------------------------|-------------------|
| 1. fìdhlear | 12. togarrach | 23. truas |
| 2. seunta | 13. peasan/ peasanan | 24. dearg-rùisgte |
| 3. rodan/ rodanan (rodain) | 14. draoidh | 25. co-ogha |
| 4. iomairt | 15. àrd-dhraoidh | 26. mionach |
| 5. olc | 16. cùmhnant | 27. crùn |
| 6. spìocach | 17. port/ puirt | 28. bleigeard |
| 7. burraidh | 18. faoin | 29. saighdearan |
| 8. plàigh | 19. rabhadh | 30. mosach |
| 9. seanmhair | 20. dìoghaltas | |
| 10. meaban/ meabanan | 21. riaghailtean | |
| 11. ròlaist/ ròlaistean | 22. tìodhlac / tìodhlaicean | |

ABAIRTEAN TRON DEALBH-CHLUICH

1. atharrachadh na gnàth-shìde
2. cho fuar ris a' phuinnsean
3. a' cur às do chorp
4. làn de bharrail fhèin
5. aithris na maidne
6. cearc na frainge/ cearc fhrangach
7. ur mòrachd
8. faigh cuidhteas
9. dèan e sa bhad
10. sgillinn ruadh
11. tha sin mì-chiatach
12. thalla às mo shealladh
13. cha tug mi feart do
14. norrag bheag
15. tha amharras orm
16. fo gheasachd
17. an e sin urras?
18. taing do shealbh
19. a' tarraing mo chois
20. a' guidhe son maitheanas
21. chan eil dòigh air thalamh
22. fo ghlas

NA H-ÒRAIN

BIDH IAD A' TIGHINN AIR OIDHCHE NOLLAIG

Bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
bidh iad a' tighinn nuair bhios e reothte,
bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
na fèidh a' slaodadh Santa Claus!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Bidh poca làn aig Santa dhuinne,
bidh poca mòr aig air a dhruim,
bidh poca làn aig Santa dhuinne,
rudan math a-staigh na bhroinn!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Santa Claus 's e cho toilichte,
feusag fhada 's mionach cruinn,
Santa Claus 's e cho toilichte,
lionaidh e ar stocainn dhuinn.

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
bidh iad a' tighinn nuair bhios e reothte,
bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
na fèidh a' slaodadh Santa Claus!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
na fèidh a' slaodadh Santa Claus!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

'S TOIL LEINN FHÌN CEARN NA FRAINGE

Stèidhte air 'S toil leam fhèin bunàt' is im

'S toigh leinn fhìn cearc na frainge,
'S toigh leinn fhìn na teoclaidean,
'S toigh leinn fhìn cearc na frainge
Is tìodhlaicean na Nollaig

'S toigh leinn fhìn cearc na frainge,
'S toigh leinn fhìn na teoclaidean,
'S toigh leinn fhìn cearc na frainge
Is tìodhlaicean na Nollaig

MIRE MIRE EEK! EEK!

Stèidhte air Mire Mire Miug Miug

Mire mire eek! eek!
mire mire eek! eek!
Mire mire eek! eek!
aran 's im is caise

aran is im is eek! is mìrean
aran is im is eek! is mìrean
aran is im is eek! is mìrean
aran 's im is càise

Mire mire eek! eek!
mire mire eek! eek!
Mire mire eek! eek!
aran 's im is caise

aran is im is eek! is mìrean
aran is im is eek! is mìrean
aran is im is eek! is mìrean
aran 's im is càise

CHA TÈID MISE DHAM LEABaidH

Stèidhte air Cha tèid mise, cha tèid mi

Cha tèid mise dham leabaidh
O hi rì ri rì ri iù
Cha tèid mi chan eil mi sgìth
O hi iù a ò hug ò
O hi iù a ò hi iù
Hao ri iù a hò hug ò.

Chan eil mi sgìth 's cha tèid mi innt
O hi rì ri rì ri iù
Cha fhaigh na rodain biadh sam bith
O hi iù a ò hug ò
O hi iù a ò hi iù
Hao ri iù a hò hug ò

Chan eil mi sgìth 's cha tèid mi innt
O hi rì ri rì ri iù
Cha fhaigh na rodain biadh sam bith
O hi iù a ò hug ò
O hi iù a ò hi iù
Hao ri iù a hò hug ò

GLAGAN BINN

(eadar theangachadh le Daibhidh Boag)

Glagan binn, glagan binn
Glagan siud 's a seo
Tha sinn uile toilichte
Bodach Nollaig còir (- O) (x2)

Nì sinn bodach sneachd
le curran agus ad
Nì sinn sabaid sneachd
airson an la air fad
Ithidh sinn ar biadh
Tòrr ri ith' 's ri òl
A' coimhead air an teilidh
is èistidh sinn ri ceòl....O